

Seanchas Ìle

TASG-LANN DUALCHAIS

Bàrdachd

Ùisdean Mac a' Ghobhainn aig "Oidhche na Baird"

Gànradh Pheigi

Le Teàrlach MacNimhein

Siud an gànradh a bha mòr,
An gànradh sònraichte fhuair Pèigi.
Cha robh a leithid san Roinn Eòrp.
Bha e còrr is còig troighean.

Siud, an gànradh a bha ciatach,
'S moch a sgreuchadh e sa mhadainn,
Nuair a sgaoileadh e a sgiathan,
'S cinnteach thigeadh sian le gailleann.

B' ann chuid Shionnarlain a bha e,
'S tha phàrantan e Sasann,
A sheanmhair tha i am Bail an Abaidh,
'S tha i fhathast làidir, fallain.

Ach air aon mhadainn, thug e sgreuch às,
Nach bu mhìorbhaileach mar thachair,
Thug e leum às, siud sa chliabh e,
'S rug e sia de dh'uibhean fallain.

'S ghur e iad fad thrì mìosan,
'S tric a bha mi fhìn ga aire,
Is tha iseanan tha prìseal,
Nis mar dhìleabaich aig Pèigi.